"The boatsman", Scots Gaelic song from the late 18th century, author unknown

'S tric mi sealltainn on chnoc as àirde
Dh'fheuch am faic mi fear a' bhàta
An tig thu 'n-diugh na 'n tig thu màireach
'S mar tig thu idir gur truagh a ta mi

Fhir a' bhàta, na hóro eile
Fhir a' bhàta, na hóro eile
Fhir a' bhàta, na hóro eile
Mo shoraidh slàn leat 's gach àit' an téid thu

Tha mo chridhe-sa briste brùite
'S tric na deòir a ruith o m' shùilean
An tig thu nochd na 'm bi mo dhùil riut
Na 'n dùin mi 'n doras le osna thùrsaich?

REF

'S tric mi faighneachd de luchd nam bàta
Am fac' iad thu na 'm bheil thu sàbhailt
Ach 's ann a tha gach aon dhiubh 'g ràitinn
Gur gòrach mise ma thug mi gràdh dhut

interlude

REF

Gheall mo leannan dhomh gùn dhen t-sìoda
Gheall e siud agus breacan rìomhach
Fàinn' òir anns am faicinn ìomhaigh
Ach 's eagal leam gun dèan e dìochuimhn'

REF

Cha'n eil baile beag sam bi thu
Nach tamh thu greis ann a chuir do sgios diot
Bheir thu lamh air do leabhar riamhach
Ghabhail dhuanag, 's a bhuaireadh nianag

REF

Ged a thuirt iad gun robh thu aotrom
Cha do lughdaich siud mo ghaol ort
Bidh tu m' aisling anns an oidhche
Is anns a' mhadainn bidh mi 'gad fhaighneachd

REF

Thug mi gaol dhut 's chan fhaod mi àicheadh
Cha ghaol bliadhna 's cha ghaol ràithe
Ach gaol a thòisich nuair bha mi 'm phàiste
'S nach searg a chaoidh gus an claoidh am bàs mi

REF

Tha mo chàirdean gu tric ag innseadh
Gum feum mi d' aogas a leig' air dìochuimhn'
Ach tha 'n comhairle dhomh cho dìomhain
'S bi tilleadh mara 's i toirt lìonaidh

REF

Tha mo chriosan air dol an airde
Cha'n ann o fhidhlair, na o chlarsair
Ach o stiuireadair a bhata
'S mur tig thu dhathigh, s' truagh mar tha mi

REF

Bidh mi tuille tùrsach deurach
Mar eala bhàn 's i an dèidh a reubadh
Guileag bàis aic' air lochan feurach
Is càch gu lèir an dèidh a trèigeadh

REF